

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìre-frithealaidh a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh agus Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh.

Sultain 2021

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Foghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir cùmhnantan [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). Is e adhbhar na h-aithisg beachd neo-eisimeileach agus chothromach a thoirt air moladh Chomhairle na Gàidhealtachd gus sgìre-frithealaidh a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh agus Àrd-sgoil Cheann a’ Ghiùthsaidh. Tha Earrann 2 den aithisg a’ cur an cèill cunntas goirid mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 den aithisg a’ cur an cèill beachd Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach a chaidh a chur an cèill le luchd-co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 4 a’ toirt geàrr-chunntas air beachdan an Luchd-sgrùdaidh san fharsaingeachd air a’ mholadh. An dèidh an aithisg seo fhaotainn, tha an Achd a’ cur riathanas air a’ chomhairle beachdachadh air agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach ullachadh. Bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach an aithisg seo a ghabhail a-steach agus feumaidh e mìneachadh ciamar, ann a bhith a’ tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, a rinneadh ath-bhreithneachadh air a’ chiad mholadh, a’ gabhail a-steach geàrr-iomradh de na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus an fhreagairt a thug a’ chomhairle dhaibh. Feumaidh a’ chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus ruig e a cho-dhùnadh dheireannach.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- na buaidhean a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh air clann agus daoine òga sna sgoiltean, no air luchd-cleachdaidh sam bith eile; air clann a dh’fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-là foillseachaidh a’ phàipear molaidh; agus air clann agus daoine òga sam bith eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean sam bith eile a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh;
- mar a tha a’ chomhairle an dùil lùghdachadh no seachnadh droch bhuidhean a dh’fhaodadh èirigh bhon mholadh; agus
- buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle a’ meas a thig bho bhith a’ cur a’ mholaidh an sàs, agus na h-adhbharan a tha aig a’ chomhairle a bhith a’ tighinn gu na beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- a bhith an làthair aig a’ choinneimh phoblaich bhiortail a chaidh a chumail air 31 Lùnastal 2021 mu mholaidhean na comhairle;
- beachdachadh air pàipearan-sgrìobhte iomchaidh sam bith a chaidh a thabhann leis a’ chomhairle mun mholadh, gu sònraichte an aithris mu na buannachdan a thaobh foghlam agus na pàipearan co-chomhairleachaidh co-cheangailte, tagraidhean sgrìobhte agus air an labhairt le pàrantan agus daoine eile; agus
- conaltraidhean le luchd-co-chomhairleachaidh iomchaidh.

2. Am pròiseas co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh an co-chomhairleachadh air a mholadh(-aidhean) a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Bha an co-chomhairleachadh foirmeil a' dol bho 31 Cèitean 2021 gu 3 Sultain 2021. Chaidh am pàipear molaidh a thoirt do luchd-obrach, Comhairlean Phàrant agus pàrantan chloinne a bha a' frithealadh nam bun-sgoiltean a bha air an ainmeachadh sa phàipear molaidh. Chaidh a chur cuideachd gu buill Pàrlamaidean na Rìoghachd Aonaichte agus na h-Alba, aonaidhean ciùird, Bòrd na Gàidhlig agus comhairlean coimhearsnachd. Chaidh sanas a chur sna pàipearan ionadail. Bha fiosrachadh ri fhaotainn air làrach-lìn na comhairle agus air na meadhanan sòisealta. San aithisg dheireannaich bu chòir dhan chomhairle comharrachadh mar a rinn iad co-chomhairleachadh le clann agus daoine òga agus luchd-obrach aig Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh.

2.3 Chùm a' chomhairle coinneamh phoblach bhiorail far an robh oifigearan a' cur an cèill na feallsanachd airson nam molaidhean, a' conaltradh mu na buannachdan foghlaim àrd-ìre agus far an tug iad cothrom do luchd-frithealaidh am beachdan a thoirt seachad. Bha 14 an làthair aig a' choinneimh phoblach bhiorail. Cha do thog ach glè bheag de na bha an làthair ceistean mun fhiosrachadh air an robh am moladh stèidhichte. Thog iad ceist cuideachd mu bhuaidh a' mholaidh air comas nan sgoilear a bhith a' frithealadh Foghlam Meadhan Beurla aig Bun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh nam biodh am moladh, nan deigheadh aontachadh ris, ag adhbharachadh meudachadh san àireimh de chlann a bha a' frithealadh Foghlam Meadhan Gàidhlig. San fharsaingeachd, bha iad a' sireadh tuilleadh soilleireachd agus lèirsinneachd air beagan thaobhan den mholadh. Chaidh trì freagairtean sgrìobhte fhaighinn, agus bha aon dhiubh a' togail chùisean a bha coltach ris an fheadhainn a chaidh a thogail aig a' choinneimh phoblach. Tha Bòrd na Gàidhlig mar chonaltraich reachdail airson atharrachaidhean do dh'ullachaidhean airson solar Foghlam Meadhan Gàidhlig. Chuir iad fàilte air an naidheachd gun robh sgìre-frithealaidh gu bhith air a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig agus cha do chomharraich iad draghan sam bith. Chuir Comann nam Pàrant fàilte air an naidheachd gun robh am moladh ag achdachadh reachdas. Chomharraich iad gun robh tuilleadh soillearachd a dhith mun dòigh anns am freagradh a' chomhairle ri leudachadh san àm ri teachd agus iartasan bho phàrantan san sgìre ionadail. Thog iad cuideachd cùisean mu bhuannachdan a' mholaidh a thaobh a' churraicealaim agus ionnsachadh na cloinne. Gu sònraichte, thug iad iomradh air làn bhogadh mar phàirt den leudachadh gu 1140 uair a thìde ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. A thuilleadh air sin, an cothrom air co-roinn brìoghmhor de churraicealam na h-àrd-sgoile tro mheadhan Gàidhlig.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha am moladh seo a' comharrachadh dealas leantainneach Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh a bhith a' cur an sàs an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig 2017. Tha a' chomhairle a' moladh sgìrean-frithealaidh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh agus Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh. Gabhaidh sin a-steach sgìrean-frithealaidh nam bun-sgoiltean air fad a tha co-cheangailte ri Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh, a rèir toraidhean a' cho-chomhairleachaidh. Cha mhòr nach eil na sgoilearan air fad a tha a' frithealadh Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh bho sgìre-frithealaidh na sgoile airson Foghlam Meadhan Beurla. Tha am moladh seo a' cuideachadh na sgoile ann a bhith a' soilleireachadh còir phàrantan agus ullachaidhean a thaobh cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig, agus aig an aon àm a' coileanadh a dhleistanais a bhith a' tabhann an luach as fheàrr.

3.2 Cha mhòr nach robh an luchd-co-chomhairleachaidh air fad a' toirt taic don chomhairle ann a bhith a' stèidheachadh sgìrean-frithealaidh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha beagan chùisean agus draghan a tha ag èirigh on cho-chomhairleachadh a tha airidh air tuilleadh beachdachaidh. Chuir an luchd-co-chomhairleachaidh luach air a' chothrom Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith mar roghainn do phàrantan. Bho bhliadhna gu bliadhna, tha clàraidhean ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus P1 a' dearbhadh nan àireamhan airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Chan urrainnear ro-mheasadh no dearbhadh cinnteach a dhèanamh air

Foghlam Mheadhan Gàidhlig anns an sgoil-àraich no P1 gu àm clàraidh. Ged a thathar ag aithneachadh sin, tha beagan chùisean le bhith a' toirt seo gu buil a thaobh ro-innleachd oighreachd sgoile air am bu chòir dhan chomhairle tuilleadh soilleireachaidh a dhèanamh san aithisg dheireannaich. Feumar ath-mhisneachadh mun dòigh san dèilig a' chomhairle ri maoinachadh, stòrasan agus meudachadh sam bith ann an iarrtas airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha an fheadhainn a tha a' còmhnaidh anns an sgìre-frithealaidh a tha aig Baile Ùr an t-Slèibh an-dràsta a' sireadh daingneachadh gum bi foghlam meadhan Beurla ri fhaotainn an-còmhnaidh sa bhun-sgoil ionadail aca, nan tigeadh meudachadh air clàraidhean Foghlam Meadhan Gàidhlig. Ann a bhith a' dèanamh seo, bu chòir dhan chomhairle beachdachadh air planaichean airson prògraman togail thaighean san sgìre. Bu chòir dhaibh cuideachd dearbhadh mar a chleachdas iad Achd Foghlam (Alba) 2016 gus coinneachadh ri iarrtasan san àm ri teachd agus coinneachadh ri tuilleadh solair ionadail a chur ris le bhith a' cur clasaichean Foghlam Meadhan Gàidhlig ris an t-solar a tha ann a cheana, cho math ris an fheum airson sgoiltean Gàidhlig.

3.3 Bu chòir dhan abairt mu bhuannachd foghlaim tuilleadh leudachaidh a dhèanamh air na buannachdan curraicealaim a tha an lùib a' mholaidh seo. Aig an àm seo, tha am pàipear molaidh a' toirt iomradh air na buannachdan foghlaim mar cuideachadh a bhith "a' daingneachadh" solar a tha ann a cheana. Bhiodh e feumail comharrachadh mar a chuidicheadh am moladh a' chomhairle coinneachadh ris na h-amasan a mheas iad reachdail nam planadh Gàidhlig airson curraicealam bogaidh 3-18. Tha na dleastanasan sin air an comharrachadh san Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, 2017.

4. Geàrr-iomradh

San fharsaingeachd, tha moladh na comhairle na bhuannachd foghlaim do chlann agus pàrantan a tha a' fuireach taobh a-staigh sgìrean-frithealaidh Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh. Tha am moladh a' toirt soilleireachd do phàrantan mu mar a gheibh iad cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir dhan chomhairle tuilleadh mìneachaidh a dhèanamh air mar a dhèiligeas iad ri meudachadh ann an ìre iarrtais airson Beurla agus/no Foghlam Meadhan Gàidhlig air a dhèiligeadh ris ann an dòigh chothromach. Feumaidh a' chomhairle am moladh seo a cheangal nas soilleir ri amasan a' Phlana Ghàidhlig. Airson seo, bu chòir dhaibh tuilleadh co-obrachaidh a bhrosnachadh eadar an eòlaichean Foghlaim Meadhan Gàidhlig 3-18, cho math ris na h-àrd-stiùirichean a tha a' deilbh a' churraicealaim. Feumaidh a' chomhairle soilleireachadh mar a tha iad air a bhith a' sireadh beachdan na cloinne agus nan daoine òga sna sgoiltean a tha air an ainmeachadh sa mholadh seo agus an luchd-obrach ann an Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh Sultain 2021